

Cànan Measaidh agus Teisteanachaidh ann an Teisteanasan Riaghlaichte air an tairgse le Teisteanasan Alba (air an lìbhrigeadh san Rìoghachd Aonaichte)

Àireamh an Dreacha	4
Ùghdar a' Phoileasaidh	Manaidsear Poileasaidh is Rannsachaidh, Poileasaidh Àrd-Theisteanasan Nàiseanta is Teisteanasan Dreuchdail (HN/VQ)
Sealbhadair a' Phoileasaidh	Ceann na Seirbheise airson Sgioba Àrd-theisteanasan Nàiseanta is Teisteanasan Dreuchdail (HN/VQ)
Raon gnothachais	Poileasaidh, Mion-sgrùdadh agus Inbhean, Àrd-theisteanasan Nàiseanta is Teisteanasan Dreuchdail (HN/VQ)
Poileasaidh dligheach bho	1 An Dàmhair 2024
Ceann-latha ath-sgrùdadh a' phoileasaidh	1 An Dàmhair 2027
Poileasaidh air aontachadh le	Buidheann Inbhean agus Poileasaidh
Ceann-latha aonta a' phoileasaidh	25 An Giblean 2024
Ceann-latha measadh buaidh air co-ionannachd (EqIA)	8 an Cèitean 2024

Carson a tha feum againn air a' phoileasaidh?

Tha am poileasaidh seo a' toirt seachad mìneachadh air na prionnsapalan agus slatan-tomhais a thaobh cànan a' mheasaidh agus teisteanachaidh airson aonadan is teisteanasan air an tairgse le Teisteanasan Alba agus air an lìbhrigeadh le ionadan san Rìoghachd Aonaichte.

Tha am poileasaidh seo a' toirt taic do na h-amasan corporra againn le a bhith:

- a' toirt seachad siostam de theisteanasan a tha creideasach.
- sùbailte ann a bhith a' coileanadh feumalachdan luchd-cleachdaidh.
- a' cosnadh earbsa, urram agus luach bho ar luchd-cleachdaidh, luchd-ùidhe agus com-pàirtichean.

Cò ris a tha e a' buntainn?

Tha am poileasaidh seo a' buntainn ris a h-uile teisteanas le Teisteanasan Alba air a riaghlachadh le Creideasachadh Teisteanasan Alba, Oifis airson Riaghlachadh Theisteanasan agus Dheuchainnean (Ofqual), agus Teisteanasan Cuimrigh.

Às-dùnaidhean

Chan eil sinn a' tairgse Theisteanasan sa Chuimrigh a tha Ùghdarraichte, no Ainmichte do luchd-ionnsachaidh fo 16 bliadhna. Mar sin chan eil sinn a' tairgse teisteanasan tro mheadhan na Cuimris, no teisteanasan 'ann am pàirt' tro mheadhan na Cuimris. Tha a h-uile teisteanas le Teisteanasan Alba a thathar a' tairgse sa Chuimrigh ga lìbhrigeadh, ga mheasadh agus ga theisteanachadh sa Bheurla.

Chan eil raon-ùghdarrais a' phoileasaidh seo ga leudachadh do dh'iarrtasan airson measadh ann an Cànan Soidhnidh Bhreatainn (BSL). Tha sinn an geall air Achd na Co-ionannachd (2010). Tha sinn a' feuchainn ri cnapan-starraidh neo-riatanach do chothrom a thoirt air falbh agus air mar a ghabhas gnàthachaidhean reusanta a dhèanamh airson luchd-ionnsachaidh ciorramach ann an dòigh a tha co-chòrdail ri cumail suas treibhdhreas an teisteanais. Tha sinn a' breithneachadh air iarrtasan airson measadh ann an Cànan Soidhnidh Bhreatainn mar ghnàthachadh reusanta. Gheibhear barrachd fiosrachaidh air Gnàthachaidhean Reusanta ann an dà sgrìobhainn stiùiridh air an làrach-lìn againn:

- Fiosrachadh mu Ghnàthachaidhean Reusanta airson SVQ's agus teisteanasan eile stèidhichte air comas riaghlachaidh le Creideasachadh Teisteanasan Alba, Am Faoilleach 2025

- Fiosrachadh mu Ghnàthachaidhean Reusanta airson Teisteanasan riaghlaidhe le Ofqual agus Teisteanasan Cuimrigh, Am Faoilleach 2025

Cò dha a tha e?

Tha am poileasaidh seo airson ionadan Teisteanasan Alba, luchd-obrach Teisteanasan Alba agus luchd-ionnsachaidh.

Dè an taic a tha ri fhaotainn?

Tha Sgioba Poileasaidh agus Co-ionannachdan Àrd-theisteanasan Nàiseanta is Theisteanasan Dreuchdail (HN/VQ), taobh a-staigh na buidhne-stiùiridh Poileasaidh, Mion-sgrùdadh agus Inbhean, comasach air taic a thoirt seachad a thaobh am poileasaidh seo a chur an gnìomh.

Tha Buidheann-stiùiridh Obrachaidhean comasach air comhairle is stiùireadh a thoirt do dh'ionadan mu mhodhan-obrach airson barantachd càileachd.

1 Aithris Poileasaidh

Tha sinn a' cumail ri slatan-tomhais an ùghdarrais conn-riaghlaich iomchaidh a thaobh cànan measaidh agus teisteanachaidh. Tha na teisteanasan riaghlaichte againn air am measadh sa Bheurla agus, gu ìre chuibhrichte, sa Ghàidhlig (far a bheil iarrtas ann). Tha seo mar aithneachadh gur iad seo prìomh chànanan na h-Alba a thaobh gnàths agus cleachdadh. 'S iad na teisteanasan a tha ceadaichte a bhith air an libhrigeadh agus air am measadh sa Ghàidhlig:

- **SVQ ann an Seirbheisean Sòisealta (Clann agus Daoine Òga) aig SCQF Ìre 6 (GV69 22)** (SVQ in Social Services (Children & Young People) at SCQF level 6)
- **SVQ ann an Seirbheisean Sòisealta (Clann agus Daoine Òga) aig SCQF Ìre 7 (GV6A 23)** (SVQ in Social Services (Children & Young People) at SCQF level 7)
- **Dioplòma ann am Meadhanan Cruthachail aig SCQF Ìre 7 (GV73 47)** (Diploma in Creative Media at SCQF level 7)

Faodar na teisteanasan is aonadan riaghlaichte a tha a' dèanamh suas na Preantasachdan Tòiseachaidh a leanas a bhith air an libhrigeadh agus air am measadh sa Ghàidhlig:

- **Preantasachd Tòiseachaidh ann an Seirbheisean Sòisealta: Clann agus Daoine Òga (GV71 46)** (Foundation Apprenticeship in Social Services: Children and Young People)
- **Preantasachd Tòiseachaidh ann am Meadhanan Cruthachail agus Digiteach (GV72 46)** (Foundation Apprenticeship in Creative and Digital Media)

Thoiribh fa-near gu bheil còdan fa leth airson Duaisean Buidhne gan cleachdadh gus libhrigeadh is measadh sa Ghàidhlig a chomharrachadh. Feumaidh ionadan dèanamh cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh air an cur air siostaman Teisteanasan Alba airson dreach ceart an teisteanais.

Airson adhbharan ghnàthachaidhean reusanta, faodaidh luchd-ionnsachaidh measadh a ghabhail ann am BSL mura bheil e a' lagachadh treibhdhireas an teisteanais no na comasan a thathar a' measadh.

Tha na teisteanasan riaghlaichte againn air an teisteanachadh sa Bheurla. Far an deach Gàidhlig a chleachdadh sa phròiseas measaidh, bithear a' cur aithris aithneachaidh air clàr an teisteanais.

Chan eil sinn an-dràsta a' tairgse measadh agus teisteanachadh airson teisteanasan riaghlaichte ann an cànanan eile. Tha sinn a' clàradh agus a' cumail sùil air iarrtasan airson measadh ann an cànanan eile. Ma tha iarrtas gu leòr ann, nì sinn sgrùdadh am biodh libhrigeadh ann an cànan eile practaigeach, co-rèireach, agus comasach, agus nach lagaicheadh e treibhdhireas an teisteanais no comasan a thathar a' measadh.

2 Dàimh a' phoileasaidh ri ar Prionnsapalan Riaghlaidh

Tha ar [Prionnsapalan Riaghlaidh](#) a' riaghladh mar a tha sinn a' coileanadh nan dleastanasan reachdail againn agus a' fèin-riaghladh nan gnìomhachdan againn. Tha am poileasaidh seo a' toirt taic do na Prionnsapalan Riaghlaidh a leanas:

Prionnsapal Riaghlaidh 7: Nì Teisteanasan Alba cinnteach gu bheil a h-uile teisteanas is measadh cho cothromach is ruigsinneach 's a ghabhas agus gu bheilear a' coileanadh feumalachdan nan tagraichean ann an rianachd nam measaidhean.

Prionnsapal Riaghlaidh 13: Nì Teisteanasan Alba cinnteach gu bheil na teisteanasan agus measaidhean a tha air an riaghlachadh bhon taobh a-muigh fosgailte do sgrùdadh bhon taobh a-muigh le buidhnean iomchaidh.

3 Gnìomhan

Feumaidh sinn dèanamh cinnteach gu bheil luach ga chur air measadh nan teisteanasan againn, agus gu bheil iad creideasach, le luchd-cleachdaidh, le buidhnean com-pàirteachais agus leis a' choimhearsnachd nas fharsainge. Tha sinn a' tairgse raon de theisteanasan air an riaghlachadh le Creideasachadh Teisteanasan Alba, Ofqual agus Teisteanasan Cuimrigh, agus mar sin feumaidh sinn cumail ri na slatan-tomhais conn-riaghlaidh iomchaidh a thaobh cànan measaidh agus teisteanachaidh.

Tha 'cànan measaidh' a' toirt iomradh air a' chànan sa bheilear a' dèanamh mheasaidhean, agus sam feumar fianais is freagairtean measaidh an tagraiche a shealltainn. Chan eil e a' toirt iomradh air measadh air cànanan, leithid Fraingis. Tha sinn ag aithneachadh gu bheil cuid de mheasaidhean cànanain ann far a bheil feum air eileamaidean measaidh sònraichte a bhith air an sgrìobhadh sa chànan sin, agus gum feum luchd-ionnsachaidh freagairt sa chànan shònraichte sin.

Tha a h-uile teisteanas riaghlaidh a tha sinn a' tairgse ann an Alba air a mheasadh sa Bheurla no, gu ìre chuibhrichte, sa Ghàidhlig, a' dlùth-leantainn ri riatanasan cànanain an riaghlaidh. Tha seo mar aithneachadh gur iad Beurla agus Gàidhlig na cànanain a thathar a' bruidhinn fad is farsaing ann an Alba a thaobh gnàths agus cleachdadh¹. Tha teisteanasan riaghlaidh air an teisteanachadh sa Bheurla. Far an deach teisteanasan a mheasadh sa Ghàidhlig, bithear ag ainmeachadh seo air clàr an teisteanais.

¹ [Achd na Gàidhlig \(Alba\) \(legislation.gov.uk\) 2005](#)

Tha a h-uile teisteanas riaghlaidhe a tha sinn a' tairgse ann an Sasainn air a mheasadh agus air a theisteanachadh sa Bheurla.

Tha a h-uile teisteanas riaghlaidhe a tha sinn a' tairgse sa Chuimrigh air a mheasadh agus air a theisteanachadh sa Bheurla. Chan eil sinn a' tairgse Theisteanasan Ainmichte sa Chuimrigh, agus mar sin chan eil riatanas ann a bhith a' tairgse theisteanasan tro mheadhan na Cuimris.

Riatanasan is modhan-obrach airson libhrigeadh agus measadh sa Ghàidhlig

Ma tha ionad ag iarraidh na teisteanasan a tha gu h-àrd a libhrigeadh agus a mheasadh sa Ghàidhlig, feumaidh iad tighinn air adhart airson aonta ionaid airson nan teisteanasan sònraichte. Feumaidh luchd-ionnsachaidh a bhith air an inntrigeadh le bhith a' cleachdadh na còdan Duaisean Buidhne Gàidhlig. Bidh seo a' leigeil leinn a comharrachadh ach a bheil luchd-ionnsachaidh gam measadh sa Ghàidhlig, agus mar sin gnìomhachd barantachd càileachd a phlanadh agus a theisteanachadh dha rèir.

Bidh gnìomhachd barantachd càileachd ga gabhail os làimh ann an co-rèir ris a' phròiseas fhoillsichte againn. A bharrachd air sin, far a bheil Gàidhlig ga cleachdadh sa phròiseas measaidh, bidh an neach-dearbhadh bhon taobh a-muigh, a tha nan eòlaiche-cuspair, a' faighinn taic bho neach aig a bheil Gàidhlig a bhios air a chur an dreuchd le Teisteanasan Alba. Bidh seo a' cur às don fheum airson fianais an tagraiche a bhith air eadar-theangachadh don Bheurla.

Aig an àm seo, bidh sgrìobhainnean theisteanasan ga thaisbeanadh sa Bheurla. Ma tha ionadan airson sònraichidhean aonaid (mar eisimpleir) eadar-theangachadh, tha cead aca air seo a dhèanamh. Thathar a' gabhail ris, ma tha cead theisteanasan agaibh gus na teisteanasan a tha air an ainmeachadh gu h-àrd a libhrigeadh sa Ghàidhlig, gum bi ealantas gu leòr agaibh gus na stuthan riatanach eadar-theangachadh. Air neo, mura bheil an comas agaibh air sin a dhèanamh, bu chòir gu bheil a' dèanamh an eadar-theangachaidh le eadar-theangaichean ùghdarraichte le Riaghaltas na h-Alba. Cha bhi uallach air Teisteanasan Alba airson mì-eadar-theangachadh stuthan agus builean sam bith a dh'fhaodadh sin adhbhrachadh.

4 Gèilleadh

Feumaidh sinn gèilleadh ris na riatanasan riaghlaidh ar luchd riaghlaidhean. Tha sinn a' cur an cèill riatanasan is cumhaichean nan riaghlaidhean againn a thaobh cànan measaidh agus teisteanachaidh gu h-ìosal.

Creideasachadh Teisteanasan Alba

Tha [Prionnsapalan Conn-riaghlach airson Creideasachadh Teisteanasan Alba \(2021\)\)](#) ag ràdh: ‘Feumaidh a’ bhuidheann duaiseachaidh agus na solaraichean aca dèanamh cinnteach gu bheil na teisteanasan aca agus mar a thathar gan libhrigeadh is gam measadh cothromach, in-ghabhaltach agus ruigsinneach do luchd-ionnsachaidh’ (Prionnsapal Conn-riaghlach 14).

Tha am fiosrachadh co-leasachail don Phrionnsapal seo ag ràdh: feumaidh a’ bhuidheann duaiseachaidh nochdadh gu bheil pròiseasan soilleir ann airson gnàthachaidhean reusanta agus suidheachaidhean sònraichte.’

Tha [Creideasachadh Teisteanasan Alba](#) ag ràdh ‘nach bithear am bitheantas a’ creideasachadh theisteanasan a tha air an libhrigeadh agus air am measadh ann an cànanan eile seach Beurla is Gàidhlig’.

Ofqual

Tha [Cumhaichean Coitcheann airson Aithneachadh](#) (Ofqual, an t-Sultain 2023) a’ cur an cèill na riatanasan a leanas a thaobh cànan measaidh:

G2.1 Feumaidh buidheann duaiseachaidh dèanamh cinnteach gu bheil gach neach-ionnsachaidh a tha a’ gabhail an teisteanasan ann an Sasainn air am measadh sa Bheurla ach chun na h-ìre gu bheil cleachdadh cànan eile air a cheadachadh leis a’ Chumha seo.

G2.2 Faodaidh Neach-ionnsachaidh a tha a’ gabhail teisteanas a bhith air a mheasadh ann am BSL far a bheil e ceadaichte le buidheann duaiseachaidh airson adhbharan Gnàthachaidh Reusanta.

G2.3 Faodaidh Neach-ionnsachaidh a tha a’ gabhail teisteanas a bhith air a mheasadh ann an cànan sam bith eile far a bheil e mar aon de phrìomh amasan an teisteanais:

- a) gum bi an Neach-ionnsachaidh a’ faighinn eòlas air, sgilean anns, agus tuigse air a’ chànan sin, no
- b) taic a thoirt do dhreuchd san àite-obrach, air chumha nach eil comas sa Bheurla riatanach airson na dreuchd ris am bi an teisteanas a’ toirt taic.

G2.4 Far a bheil buidheann duaiseachaidh a’ toirt cothrom air teisteanas ann am barrachd air aon chànan, feumaidh a’ bhuidheann duaiseachaidh a h-uile ceum reusanta a ghabhail gus dèanamh cinnteach gu bheil measaidhean ann an diofar chànanan a’ toirt seachad ìre chunbhalach de dh’iarrtas airson luchd-ionnsachaidh.

Teisteanasan Cuimrigh

Tha Slatan-tomhais airson Aithneachadh (Teisteanasan Cuimrigh, an Dùbhlachd 2023) ag ràdh:

G2.1 Feumaidh buidheann duaiseachaidh dèanamh cinnteach gu bheil gach Neach-ionnsachaidh a tha a' gabhail an teisteanasan sa Chuimrigh air am measadh sa Chuimris agus/no sa Bheurla ach chun na h-ìre gu bheil cleachdadh cànan eile air a cheadachadh leis a' Chumha seo.

G2.2 Faodaidh Neach-ionnsachaidh a tha a' gabhail teisteanas sa Chuimrigh a bhith air a mheasadh ann am BSL far a bheil e ceadachd le buidheann duaiseachaidh airson adhbharan Gnàthachaidh Reusanta.

G2.3 Faodaidh Neach-ionnsachaidh a tha a' gabhail teisteanas a bhith air a mheasadh ann an cànan sam bith eile far a bheil e mar aon de phrìomh amasan an teisteanais:

- (a) gum bi an Neach-ionnsachaidh a' faighinn eòlas air, sgilean anns, agus tuigse air a' chànan sin; no
- (b) taic a thoirt do dhreuchd san àite-obrach, air chumha nach eil comas sa Bheurla no sa Chuimris riatanach airson na dreuchd ris am bi an teisteanas a' toirt taic.

G2.4 Far a bheil buidheann duaiseachaidh a' toirt cothrom air teisteanas ann am barrachd air aon chànan, feumaidh a' bhuidheann duaiseachaidh a h-uile ceum reusanta a ghabhail gus dèanamh cinnteach gu bheil measaidhean ann an diofar chànanan a' toirt seachad ìre chunbhalach de dh'iartras airson luchd-ionnsachaidh.

5 Mìneachaidhean

Ionad: Buidheann (leithid sgoil, colaiste, companaidh/solaraiche trèanaidh no àite fastaidh) a tha air ùghdarrachadh le agus cunntachail do bhuidheann duaiseachaidh airson ullachaidhean deuchainn is measaidh a tha a' treòrachadh gu duais teisteanais.

Cànan measaidh: An cànan sa bheilear a' dèanamh mheasaidhean, agus sam feumar fianais is freagairtean measaidh an tagraiche a nochdadh. Chan eil e a' toirt iomradh air measadh air cànanan.

Neach-ionnsachaidh: Neach fa leth a tha a' leantainn cùrsa sgrùdaidh gu neo-eisimeileach ach a tha ag inntrigeadh agus a' gabhail measadh aig ionad ùghdarraichte le Teisteanasan Alba. (Faodar cuideachd iomradh a thoirt orra mar 'tagraiche')

Ofqual: A' bhuidheann riaghlachaidh air a bheil an t-uallach airson inbhean a chumail suas, misneachd a chur am feabhas agus fiosrachadh a sgaoileadh mu theisteanasan agus deuchainnean ann an Sasainn. Tha iad a' riaghlachadh theisteanasan coitcheann agus dreuchdail.

Creideasachadh Teisteanasan Alba: A' bhuidheann conn-riaghlach a tha a' riaghlachadh theisteanasan dreuchdail air feadh Alba, a' toirt a-steach Teisteanasan Dreuchdail Albannach (SVQs).

Teisteanasan Cuimrigh: A' bhuidheann neo-eisimeileach air a bheil an t-uallach airson teisteanasan neo-cheum agus siostam nan teisteanasan a riaghlachadh sa Chuimrigh. Tha na dleastanasan conn-riaghlach aca a' gabhail a-steach a bhith dèanamh cinnteach gu bheil na buidhnean a tha a' tairgse theisteanasan air an goireasachadh gu h-iomchaidh.

Riaghlaiche: Buidheann air ainmeachadh le riaghaltas gus inbhean nàiseanta a stèidheachadh airson teisteanasan agus dèanamh cinnteach gu bheilear a' gèilleadh riutha.

Teisteanasan Riaghlaichte: Teisteanasan a tha air an duaiseachadh le buidheann duaiseachaidh aithnichte ùghdarraichte le riaghlaiche san Rìoghachd Aonaichte. Airson adhbharan a' phoileasaidh seo, 's iad na riaghlaichean Creideasachadh Teisteanasan Alba, Ofqual agus Teisteanasan Cuimrigh.

6 Poileasaidhean agus reachdas

Am measg phoileasaidhean co-cheangailte Teisteanasan Alba tha:

- Cànan measaidh agus teisteanachaidh ann an aonadan agus teisteanasan air an dearbhadh le Teisteanasan Alba (air an libhrigeadh san Rìoghachd Aonaichte)
- Cànan measaidh ann an aonadan agus teisteanasan air an dearbhadh le Teisteanasan Alba (measadh an tagraiche ga ghabhail os làimh taobh a-muigh na Rìoghachd Aonaichte ann an cànanan eile seach Beurla)
- Cànan Measaidh ann an Cùrsaichean Gnàthaichte air an Dearbhadh le Teisteanasan Alba